

## *Litir do Luchd-Ionnsachaidh* le Ruairidh MacIlleathain

*A special programme, in the form of a “letter”, written and compiled by Roddy Maclean, and specifically aimed at Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Roddy can be contacted by e-mail at [roddy.maclean@bbc.co.uk](mailto:roddy.maclean@bbc.co.uk) \**

Bidh sibh eòlach air an fhealla-dhà a tha a’ dol rudeigin mar seo, agus duine a’ bruidhinn ris a’ ghille aige: “Dè an uair a tha e?”

“Chan eil fhios a’ m.”

“Uill, dè tha d’ uaireadair ag ràdh?”

“Chan eil càil, ach tuig, tuig, tuig!”

Agus tha sin gam thoirt gu rann mu dheidhinn uaireadair. An robh fios agaibh gu bheil uaireadairean air feadh an t-saoghail a’ labhairt ann an Gàidhlig? Agus tha an rann seo ga dhearbhadh. ’S e an t-ainm a th’ air – “An Gille Beag agus an t-uaireadair”:

*Tha uaireadair aig m’ athair-sa  
'S chan fhacas riamh na thàmh e.  
Cha tèid fois neo fosadh air  
A sheachdain neo a Shàbaid.  
Nuair chuireas mi rim chluais e,  
Feuch dè tha e ag ràdh rium,  
Canaidh e rium gu sgiobalta,*

*“An tuig, an tuig, an tuig thu mi?  
An tuig, an tuig, an tuig thu mi,  
An tuig, an tuig, an tuig thu mi,  
An tuig thu nis mo chànan?  
'Ille bhig, an tuig thu mi?  
An tuig thu nise idir mi?  
'Ille bhig, an tuig thu mi?  
'S mi labhairt anns a’ Ghàidhlig.”*

*An sin gu clis, canaidh mise ris,  
“Tha fhios gu math gun tuig mi thu,  
Gun tuig, gun tuig, gun tuig mi thu,  
Tha fhios gu math gun tuig mi thu,  
'S tu labhairt anns a’ Ghàidhlig.”*

Sin rann a dh’fhaodadh sibh cleachdadh le clann, a chòrdadh riutha, chanainn. Agus mus fhàg sinn am facal *tuig*, tha deasbad ann am measg sgoilearan air co-dhiubh chaidh e a-steach don Bheurla gus nach deach. Ma chaidh, ’s ann ann an dreach gu math faisg air a’ Ghàidhlig a nochdas e ann am Beurla an-diugh, agus le ciall a tha fhathast gu math faisg air a’ Ghàidhlig thùsail. A bheil fios agaibh dè am facal a th’ ann? *Have you twigged yet?*

Seadh, sin e – *twig*, a’ ciallachadh – tuigsinn. Tha feadhainn dhen bheachd gur ann às Gàidhlig na h-Eireann a chaidh e a-null, ach tha am faclair Collins agam a’ dèanamh dheth gur e as coltaiche gun deach e a-steach don Bheurla bho Ghàidhlig na h-Alba – bhon fhacal *tuig* – anns an ochdamh linn deug.

Agus seo tòimhseachan a tha co-cheangailte ris an rann gu h-àrd ann an dòigh. “*Ciamar a tha coltas nàrach air uaireadair?*” Ciamar a tha coltas nàrach air uaireadair? Uill, tha a dhà làimh an-còmhnaidh air aodann. Dìreach mar a tha cuideigin a tha nàraichte.

Bha mi ag èisteachd ri fear air an rèidio an là eile. ’S ann à Leòdhas a bha e bho thùs, ach tha e air a bhith a’ fuireach anns na h-Eileananan mu Dheas airson bliadhnaichean agus, nuair a chaidh ceist a chur air mu dheidhinn cho fada ’s a bheireadh e ann an càr eadar dà àite, thuirte e rudeigin mar “dà uair an uaireadair”, a’ ciallachadh “*two hours duration*”. Shaoil mi rium fhìn gu robh sin a’ sealltainn gu bheil e a’ bruidhinn uiread Gàidhlig anns a’ choimhearsnachd sa bheil e a’ fuireach, gu bheil e air cainnt nan Eilean mu Dheas a thogail gu ìre mhath. Chan e droch rud a tha sin idir.

Ann an ceann a tuath na Gaidhealtachd, agus ann an ceann a tuath nan Eilean Siar, canaidh daoine, mar as trice, an àite “uair an uaireadair”, “uair a thìde”. Airson luchd-ionnsachaidh, chan eil e gu diofar dè chanas sibh – tha an dàrna fear a cheart cho math ris an fhear eile. Agus seo ceist dhuibh – dè bhios a’ tachairt an ceann ceud, seasgad ’s a h-ochd (168) uairean a thìde? Uill, bidh mise air ais an uairsin leis an ath Litir do Luchd Ionnsachaidh! Beannachd leibh.

\* \* \*

**Faclan na seachdaine:** fealla-dhà: *fun, joking*; fois neo fosadh: *rest or cessation*; gu clis: *snappily*; tùsail: *original*; nàraichte: *ashamed*; na h-Eileananan mu Dheas: *the Southern Isles (Uist, Barra etc)*.

**Abairtean na seachdaine:** tha an rann seo ga dhearbhadh: *this verse proves it*; chan fhacas riamh na thàmh e: *it has never been seen at rest (ie it’s never stopped)*; a sheachdain neo a Shàbaid: *during the week or on the Sabbath*; nuair (a) chuireas mi rim chluais e: *when I put it to my ear*; feuch dè tha e a’ ràdh rium: *to find out what it is saying to me*; co-dhiubh chaidh e a-steach don Bheurla gus nach deach: *whether it went into English or not*; ann an dreach gu math faisg air a’ Ghàidhlig: *in a form very close to the Gaelic*; ciamar a tha coltas nàrach air uaireadair?: *in what way does a watch look ashamed?*; tha a dhà làimh an-còmhnaidh air aodann: *its two hands are always up to (on) its face*; dè cho fada ’s a bheireadh e ann an càr: *how long it would take in a car*; tha an dàrna fear a cheart cho math ris an fhear eile: *the one is just as good as the other*.

**Puing ghràmair na seachdaine:** ’S mi (a’) labhairt anns a’ Ghàidhlig: *and me talking in Gaelic. Learners often ask which is correct for “in Gaelic” – anns a’ Ghàidhlig or ann an Gàidhlig. You will be pleased to know that both are acceptable. Anns a’ Ghàidhlig may be considered slightly old-fashioned by some, as is its English equivalent “in the Gaelic”, employing the definite article. The same goes for “in English” – it can be either ann am Beurla or anns a’ Bheurla. The main thing to note is that there is a different use of adjectives with each, conditioned by the presence or absence of the article. For “in Scottish Gaelic” we would normally say ann an Gàidhlig na h-Alba or anns a’ Ghàidhlig Albannaich. Similarly, referring to the speech of England, we would say ann am Beurla Shasainn or anns a’ Bheurla Shasannaich.*

**Gnàths-cainnt na seachdaine:** dà uair an uaireadair/dà uair a thìde: *two hours duration. It is not enough just to say “dà uair” as that means “twice” and does not express a duration. If you want to say “I was there for an hour”, you must say “bha mi ann airson uair an uaireadair/a thìde”. If you just say “bha mi ann airson uair”, it means you were there for one o’ clock. This is a mistake commonly made by learners but it is easily corrected. As to whether you choose an uaireadair or a thìde, it is up to you. If people around you speak Gaelic, follow their example. If not, follow your teacher/helper or simply pick one of the options and stick with it.*

\* *“Litir do Luchd-Ionnsachaidh” is funded by Comataidh Craolaidh Gàidhlig*